

Geàrr-iomradh air Sgilean

Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais air a dheilbh gus cothroman a thoirt do chlann agus daoine òga air fad airson leasachadh:

sgilean airson ionnsachadh • sgilean airson beatha • sgilean airson obair

Tha grunnan mhineachadh ann airson 'sgilean'. San fharsaingeachd, faodaidh sgil a bhith air a mhineachadh mar ghnìomh a bhios neach-ionnsachaidh an sàs ann, a dh'fhaodar a dhèanamh a-rithist, a chur an sàs ann an diofar shuidheachadh agus a dh'fhaodas leasachadh thar ùine.

Tha prìomh sgilean a' fosgladh an dorais gu adhartas na cloinne; tha sgilean breithneachaidh a' comharrachadh adhartas ann an leasachadh inntinn; tha sgilean pearsanta a' gabhail a-steach sgilean nas buige mar a bhith a' togail càirdeis cho math ri sgilean comais-obrach. Is iad sin sgilean a tha a' nochdadh ann an ionnsachadh sa Churraicealam airson Sàr-mhathais agus ann an gnìomhan coileanaidh nas fharsainge.

Tha leasachadh sgilean riatanach do ionnsachadh agus foghlam gus daoine òga a chuideachadh a bhith nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, nan daoine misneachail, nan saoranaich earbsach agus nan com-pàirtichean èifeachdach.

A' TOGAIL A' CHURRAICEALAIM 4

Is urrainn dhan Churraicealam airson Sàr-mhathais na sgilean tar-shìnte a leanas a thabhann don leanabh agad:



Prìomh sgilean

- litearrachd
- àireamhachd
- conaltradh
- fuasgladh cheistean
- comas teicneòlach
- sgilean gus taic a thoirt do nithean corporra, faireachail agus slàinte inntinn agus sunnd
- sgilean ionnsachaidh



Sgilean

smaoineachaidh
faic cuideachd air an ath dhuilleig

- a' fiosrachadh
- a' cur an gnìomh
- a' mion-sgrùdadh
- a' co-chur
- a' luachadh
- a' breithneachadh siostaman
- a' cruthachadh



sgilean pearsanta

- feartan pearsanta, buadhan agus leasachadh caractair
- sgilean eadar-phearsanta
- sgilean comais-obrach:
 - cuspair sònraichte, dreuchd, gnìomhachas no sgilean roinne
 - sgilean teicnigeach
 - sgilean proifeiseanta
 - sgilean ann an iomairt
 - sgilean sgrùdaidh/rannsachaidh
 - sgilean ceannardais



San Foghlam Fharsaing Choitcheann (tràth bhliadhnaichean suas gu deireadh S3), tha leasachadh sgilean air a chomharrachadh anns na h-Eòlasan agus Builean anns na h-Ìrean Curraicealaim (Tràth, Ciad, Dàrna, Treas agus Ceathramh) sna h-ochd raointean curraicealaim a tha a' gabhail a-steach Slàinte agus Sunnd. Tha abairtean mar "Is urrainn dhomh..." agus "Tha e comasach dhomh..." a' clàradh coileanaidhean ionnsachaidh agus leasachadh sgilean na cloinne agus nan daoine òga. Bidh na coileanaidhean sin air an co-roinn agus air an innse dhut gu cunbhalach le sgoil an leanabh agad.

Ach, is e am prìomh fhiosrachadh, nach eil eòlas leis fhèin gu leòr. Is e an obair a-nis curraicealam a chruthachadh anns a bheil eòlas agus sgilean air am faicinn mar a bhith a' cur taic ri chèile agus co-ionann ri chèile ann am brìgh.

Aig an ìre as Sìne (S4 gu S6/colaiste), tha leasachadh sgilean air an comharrachadh ann an teisteanasan agus duaisean Ùghdarras Teisteanas na h-Alba (SQA) agus anns na nithean a tha an SQA a' sùileachadh bhon luchd-ionnsachaidh. Gus teisteanasan SQA a choileanadh, feumaidh daoine òga:

- raon de sgilean sònraichte a leasachadh sna cuspairean
- adhartas a leasachadh agus a shealltainn ann an raon de sgilean breithneachaidh no inntinn
- an sgilean agus an eòlas a chomharrachadh ann am measaidhean a' Chùrsa.

Tha prìomh sgilean agus sgilean pearsanta air am fighe a-steach ann an ionnsachadh cuspair airson teisteanasan agus ann am bun-chuspairean mar foghlam pearsanta agus sòisealta, eòlas corporra, foghlam creideimh, moralachd agus feallsanachd. Tha sgilean cuideachd air an leasachadh tro na h-eòlasan nas fharsainge san ìre as Sìne leithid eòlas-obrach, obair shaor-thoileach no com-pàirteachadh ann an sgeamaichean duais eile.

Sgilean Breithneachaidh sa Churraicealam airson Sàr-mhathais

Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais air a thogail mun cuairt leasachadh agus adhartas ochd sgilean breithneachaidh. Ma sheallas tu gu mionaideach ris na h-Eòlasan agus Builean san Fhoghlam Fharsaing Choitcheann, agus na briathran a tha ann an Teisteanasan nàiseanta an SQA san ìre as Sìne, is urrainn dhut na sgilean breithneachaidh sin a lorg. Tha sgilean breithneachaidh a' Churraicealam airson Sàr-mhathais air an cur an cèill gu h-ìosal, le liosta de na briathran a tha air an cleachdadh agus na sgilean breithneachaidh sin a chomharrachadh san Fhoghlam Fharsaing Choitcheann agus ann an teisteanasan an SQA.

Sgilean Breithneachaidh san Fhoghlam Fharsaing Choitcheann agus san ìre as Sìne



Adhartas do Leanaibh ann a bhith a' Leasachadh Sgilean

cho math ri fiosrachadh ùr gu tric bhon leanabh agad agus bho thidsearan an leanaibh mu adhartas an leanaibh agad, cuiridh pròifilean an Luchd-ionnsachaidh ann am P7 agus AS3 an cèill adhartas an leanaibh agad ann a bhith a' leasachadh sgilean, tro ionnsachadh sgoile agus tro choileanaidhean nas fharsainge.

Sgilean Gluasadach

tha mòran sgilean gluasadach agus is urrainn do luchd-ionnsachaidh an cleachdadh trom beatha. Tha litearrachd, àireamhachd, sgilean corporra, sgilean sgrùdaidh sgilean eadar-phearsanta, sgilean rannsachaidh, ionnsachadh neo-eisimeileach, sgilean taisbeanaidh, sgilean obrach, sgilean eagrachaidh, fulangas, ag obair ann an sgioba, a' planadh dreuchd agus mar sin air adhart air an aithneachadh sa Churraicealam airson Sàr-mhathais.

Sgilean Obrach

Tha iad sin a' gabhail a-steach:

- A' tuigsinn uallachaidhean neach-fastaidh me a' cumail ri clàr-ama, coltas, cùram neach-dèilig
- sgilean fèin-luachaidh
- beachd dheimhinneach mu ionnsachadh
- modhan-obrach sùbailte a thaobh a bhith a' fuasgladh dhuilgheadasan
- so-fhreagarrachd agus dòigh smuaineachaidh deimhinneach a thaobh atharrachadh
- A' mhìneachadh a thaobh a bhith a' suidheachadh amasan, a' meòrachadh agus ag ionnsachadh bho fhèin-fiosrachadh.

"Chan eil eaconamaidh an t-saoghail tuilleadh a' paigheadh airson nan nithean air a bheil eòlas aig daoine ach airson nas urrainn dhaibh a dhèanamh leas na tha fhios aca mu dheidhinn."

Tha Fòram Nàiseanta Pàrantan na h-Alba taingeil airson taic Riaghaltas na h-Alba, Ùghdarras Teisteanas na h-Alba agus Foghlam Alba ann a bhith ag ullachadh an t-sreatha seo.

Andreas Schleicher, leas stiùiriche an fhoghlaim, OEC

Tuilleadh Fiosrachaidh

- Frèam-obrach Sgilean SQA: <http://tinyurl.com/obju545>
- Clàr sgilean SQA ann an teisteanasan sònraichte: <http://tinyurl.com/n4s7b2n>
- Bun-sgilean SQA: www.sqa.org.uk/coreskills
- Làrach-lìn Leasachadh Sgilean na h-Alba: www.skillsdevelopmentscotland.co.uk
- Sgilean leasachaidh Keir Bloomer agus Chris Mclroy <http://tinyurl.com/kh4aqj2>
- lùil Chomhairle Aonghais airson pàrantan: <http://tinyurl.com/nnkqvyy6>
- Foghlam Alba A' Togail a' Churraicealam 4: Sgilean <http://tinyurl.com/qbdjyjf>
- Foghlam Alba Sgilean ann an cleachdadh: <http://tinyurl.com/pgvszxc>
- Sgilean ùraichte aig Riaghaltas na h-Alba airson Ro-innleachd na h-Alba/Foghlam Alba Tapachd na Coimhearsnachd <http://tinyurl.com/mdwldsy>



the National Parent Forum of Scotland

www.parentforumsotland.org
enquiries@parentforumsotland.org



parentforumsotland



parentforumsotland